

Stiùireadh air stoidhle cànan ann an eadar-theangachadh bathair-bhog

iGàidhlig 30 dhen Dùbhlachd 2014

Susbaint

1	Amasan an stiùiridh	4
2	Eadar-theangachadh bathair-bhog	4
3	An litreachadh	5
3.1	Stràcan ro ll nn rr agus m	5
3.2	Roimhearan	6
3.3	Do agus de	6
3.4	Gnìomhairean neo-riaghailteach	7
3.5	An tàthan	8
3.6	Faclan cèin	8
4	Ceistean clò-ghrafachd	9
4.1	Stràcan	9
4.2	Caractaran sònraichte	9
4.3	Puingeachadh fòrmataichte	9
4.4	Asgairean	10
4.5	An tàthan	10
4.6	Litrichean mòra 's beaga	11
4.6.1	Sentence Case vs Title Case	11
4.6.2	t-, n- agus h-	12
4.6.3	Sloinnidhean is ainmean-àite	12
5	An sgeama ionadail (locale)	12
5.1	An ceann-là 's àm an latha	12
5.1.1	Giorrachaidhean	13
5.2	Aonadan	14
5.3	Latha vs Là	15
5.4	Iolra	15
5.5	Hotkeys agus access keys	16
6	Gràmar	16
6.1	Na tuislean	16

6.1.1	An tuiseal tabhartach	17
6.1.2	An tuiseal ginideach	17
6.1.3	An àireamh dhùbailte	17
6.2	Gun vs chun.....	18
6.3	Riochdairean seilbheach (do vs an rudeigin agam)	18
7	Stoidhle	19
7.1	Ceistean Yes/No	19
7.2	An t-alt	19
7.3	An guth fulangach	19
7.4	Sibhsigeadh	20
7.5	Iomradh air ball de chlàr taice	20
8	Dual-chainntean.....	21
8.1.1	An leasachan –aidh	21
8.1.2	Riochdairean seilbheach (ar n-athair vs ar h-athair).....	21
8.1.3	Sèimheachadh Leòdhasach.....	22
8.1.4	A’ toirt taing	22
9	Giorrachadh	23
9.1.1	Giorrachaidhean àbhaisteach	23
9.1.2	Gearr-ainmean	24
10	Ceartachadh litreachaidh.....	24
11	Tùsan briathrachais.....	25

1 Amasan an stiùiridh

Tha an treòir seo a' mìneachadh na stoidhle 's nan gnàthasan a chleachdar ann an eadar-theangachadh bathair-bhog.

2 Eadar-theangachadh bathair-bhog

Tha iomadh dùbhlán an lùib eadar-theangachadh bathair-bhog. Chan eil sinn ag amas air eadar-theangachadh facal air an fhacal ach air an làimh eile, cha bu chòir dhuinn rudan cudromach fhàgail às a chionn 's gu bheil iad car toinnte sa Ghàidhlig. Cuimhnichibh gu bheil a' Bheurla a cheart cho toinnte gu math tric sa chiad dol a-mach. Chan e copy-writing ach eadar-theangachadh a bhios sinn ris, aig deireadh an latha.

3 An litreachadh

Thathar a' leantainn GOC san fharsaingeachd ach le stiùireadh sònraichte a thaobh nam beàrnan is mearachdan ann an GOC.

3.1 Stràcan ro ll nn rr agus m

Tha an stiùireadh ann an GOC a thaobh stràcan ro ll nn rr agus m lochdach. Tha sinn a' leantainn prìomh-phrionnsabal GOC a tha a' moladh na h-àireimh as lugha de stràcan a tha ciallach.

Leis a sin, cha bhi stràc air fuaimreag ro ll nn rr agus m (mur eil fuaimreag eile 'gan leantainn) a chionn 's gum bi iad fada ri linn ll nn rr agus m o thùs, gun fheum air stràc.



sunndach	sùndach
cunradh	cùnradh
cearr, cearra	ceàrr
cam, cama	càm
's fhearr	's fheàrr
binn, binne	bìnn
cill, cille	cìll

Mur eil ach dà litir san fhacal, cleachdar an stràc airson diofar eadar *àm* is *am* a nochdadh. Ach san dà fhacal ghoirid seo, cuimhnichibh gum bi a' chiad fhuaimreag goirid ma tha fuaimreag eile 'na dèidh.



ìm, ime	im
àm, ama	am

Tha cuid a dh'fhaclan ann aig a bheil fuaimreag a tha fada an-còmhnaidh, ge be dè a thig 'na dèidh. Glèidhear an stràc air faclan mar seo.



fèill, fèille, fèilltean	feill, feille, feilltean
dìleas, dìlseachd	dileas, dilseachd

3.2 Roimhearán

Tha GOC a' ceadachadh an dà chuid roimhearán sgaoilte agus naisgte. Tha sinn a' seachnadh na feadhainn naisgte 'nar n-obair a chionn 's gu bheil iad coimheach agus a' briseadh na riaghailt *caol ri caol* gu tric.



ri mo, ri do, ri ur/ri ar, ri an...	rim, rid, rir, rin...
dhe mo, dhe do, dhe ar/ur, dhe an...	dhem, dhed, dher, dhen...

3.3 Do agus de

Tha GOC a' ceadachadh cruth sam bith dhiubh ach air sgàth cunbhalachd, cha chleachd sinn ach an fheadhainn sèimhichte mur e an roimhear lom a tha ann.



do, de	dha, dhe
dhan	don
dha na	do na
dhen	den
dhe na	de na
dha	do a

Tha dha ceadaichte air beulaibh ainmearan sònraichte ma thathar airson sèimheachadh no *dh'* a sheachnadh.



dha Mozilla	do Mhozilla
dha Opera	do dh'Opera

3.4 Gnìomhairean neo-riaghailteach

A dh'aindeoin GOC, tha sinn a' cleachdadh *d-* an àite *t-* sna gnìomhairean neo-riaghailteach a chionn 's gu bheil iad a' cur claon an luchd-ionnsachaidh gu mòr.



cha dèid	cha tèid
an duirt?	an tuirt?
na doir dhomh e	na toir dhomh e

Air sgàth adhbharan eachdraidheil, thathar a' leantainn GOC gu dlùth a thaobh nan gnìomhairean neo-riaghailteach ann am bathar Microsoft:



cha tèid	cha dèid
an tuirt?	an duirt?
na toir dhomh e	na doir dhomh e

3.5 An tàthan

Tha pàtran tradaiseanta an tàthain 'ga chleachdadh a chionn 's gu bheil e nas soilleire. Tha seo a' gabhail a-staigh na leasachain neartail *-sa*, *-san* is *msaa*.



an-seo	an seo
an-uiridh	an uiridh
an-diugh	an diugh
am bliadhna	am-bliadhna
dhut-sa	dhutsa
agam-sa	agamsa

3.6 Faclan cèin

Cha chuir sinn tar-litreachadh fuadain air faclan cèin nach deach an gleusadh a-rèir fuaimean na Gàidhlig. Mar eisimpleir, rinneadh *bearbhain* dhen fhacal *vervain* ach am bi am facal gu tur a-rèir nòs fuaimean na Gàidhlig ach chan eilear ag ràdh video ach air nòs na Beurla.

Cha bhi tar-litreachadh iomchaidh, gu sònraichte mas e facal cèin sa Bheurla fhèin a tha ann no ainmean-àite taobh a-muigh ainmean nan dùthchannan 's cuid a tha stèidhichte sa chànan o shean.



Nunavut	Nunabhut
video	bhideo
Beijing	Beiding
pizza	piodsa
An Ròimh	Rome

4 Ceistean clò-ghrafachd

4.1 Stràcan

Chan eil ach an aon stràc, an stràc trom, 'ga chleachdadh agus cleachdar am fear sin an dà chuid air litrichean beaga agus mòra.



à è ì ò ù À È Ì Ò Ù	á é ó Á É Ó
---------------------	-------------

Ge-tà, tha stràcan eile ceadaichte ma nochdas iad ann am faclan cèin agus fhad 's a ghabhas sin a dhèanamh, glèidhidh sinn na stràcan tùsail aca.

Māori, Þingvellir, nước mắm, Lakhóta, Thüringen

4.2 Caractaran sònraichte

Chan eil ach an aon character sònraichte 'ga chleachdadh, an t-agusan Gàidhealach: 7. Thig seo an àite an ampersand Bheurla.

'S e [204A](#) an còd Unicode aig a' character seo. Ma tha fhios nach obraich an character seo idir (mar eisimpleir air rudan a bhios air Android), cleachdar comharra matamataigeach γ 'na àite. 'S e [2510](#) an còd Unicode aig a' character seo. Cha mholar 7 (seachd) fo-sgrìobhte.



7 (204A) γ (2510)	7
--------------------------	---

4.3 Puingeachadh fòrmataichte

Mholar puingeachadh gun fhòrmatadh a ghnàth oir èiridh duilgheadasan ri linn autoformat ro thrìc. Cuideachd, mholamaid gun cleachdar asgairean dùbailte airson iomraidhean on a tha iad nas fhasa ri an leughadh. Mar is trice, chan èirich an duilgheadas seo ach ma nithear eadar-theangachadh ann an Writer no Word, rud nach molamaid co-dhiù-



a'	a'
"Fòrmat"	"Fòrmat", 'Fòrmat', 'Fòrmat'

Bidh feum air puingeachadh fòrmataichte uaireannan, mar eisimpleir ann an eadar-theangachadh airson fònaichean-làimhe mar Android no Mozilla OS a chionn 's gum bi na h-ùrlaran sin dhen bheachd gur e paramadair a tha ann an ' gun fhòrmataidh. Ma thathar a' dol a chleachdadh feadhainn fhòrmataichte, tha e riatanach nach cleachdadh an t-asgair a tha a' lùbadh dhan taobh chli ach am fear a tha a' lùbadh dhan taobh deas, gu sònraichte aig toiseach facail.



'S	'S
----	----

4.4 Asgairean

A chionn 's gum bi cuid dhe na h-abairtean ann am bathar-bog gu math toinnte san treas phearsa, tha sinn a' leantainn seann-phàtran nan asgairean ann an '*gam/gad...*' agus '*nam/nad...*' a chionn 's gu bheil sin nas soilleire dhan luchd-leughaidh.



'ga luchdadh	ga luchdadh
'na dhèidh	na dhèidh

Thathar a' leantainn GOC gu tur a thaobh nan asgairean ann am bathar Microsoft air sgàth adhbharan eachdraidheil.



ga luchdadh	'ga luchdadh
na dhèidh	'na dhèidh

4.5 An tàthan

Tha sinn a' cleachdadh tàthan àbhaisteach am meadhan facail. Cha chleachd sinn tàthain fhada mar En-dash ([Unicode 2013](#)) ann. A-rithist, chan èirich seo mar is trice fhad 's a chumar air falbh o Writer no Word airson eadar-theangachadh.



an-diugh	an–diugh
----------	----------

taigh-tasgaidh	taigh–tasgaidh
----------------	----------------

Ann an earrann de theacsa, ma tha cothrom air, cleachdar tàthan neo-bhristidh ([Unicode 2011](#)) airson 's nach nochd briseadh am meadhan facail mur eil ron tàthan ach aonan no dà litir.



... an-diugh an- diugh...
... a-mhàin a- mhàin ...
... taigh- tasgaidh ...	

4.6 Litrichean mòra 's beaga

Tha na riaghailtean a thaobh litrichean mòra 's beaga fada nas teinne na tha iad sa Bheurla.

4.6.1 Sentence Case vs Title Case

Cha chuir sinn litrichean mòra ach aig toiseach seantans agus air ainmean sònraichte leithid ainmean dhùthchannan, bhuidhnean no dhaoine.



Fosgail an uinneag seo	Fosgail an Uinneag seo
Fhuair thu 5 teachdaireachdan ùra	Fhuair Thu 5 Teachdaireachdan Ùra
Catrìona Nic a' Ghobhainn	Catrìona nic a' ghobhainn
LibreOffice	Libreoffice
Sràid Earra Ghàidheal	Sràid earra ghàidheal

4.6.2 t-, n- agus h-

Cha bhi na ro-leasachain t-, n- agus h- 'nan litrichean mòra idir, fiù ma tha an corr dhen abairt 'nan litrichean mòra.



Pàrlamaid na h-Alba	Pàrlamaid na H-Alba
AN t-SEIC	AN T-SEIC

4.6.3 Sloinnidhean is ainmean-àite

Chan eil àite bàn an dèidh *Mac* is *Nic* ann an sloinneadh mar a tha aig na h-Èireannaich. Tha *camel case* ('s e sin litir mhòr a tha a' nochdadh am meadhan facail) 'ga chleachdadh ann an ainmean-àite is sloinnidhean mar bu chòir 's e a' comharradh gluasad a' bheuma.



MacDhòmhnail	Mac Dhòmhnail
NicGriogair	Nicgriogair
Crois MoLiubha	Crois Moliubha
Eilean MoLaise	Eilean Mo Laise

5 An sgeama ionadail (locale)

5.1 An ceann-là 's àm an latha

'S e LATHA MÌOS BLIADHNA am pàtran a leanas sinn agus 's e DiLuain ciad latha na seachdain. Cleachdaidh sinn *DiDòmhnach* seach *Là na Sàbaid* on a tha e nas fhasa dèiligeadh ris a thaobh nan cruthan goirid.



23/11/2014	11/23/2014
23 Samhain 2014	Samhain 23, 2014
DiDòmhnach, 23 Samhain	Là na Sàbaid, 23 Samhain

Tha sinn a' cleachdadh uaireadair 12 uair 'ga leantainn le *madainn* no *feasgar* agus as aonais àite bhàin eadar an àireamh 's an litir.



7f	19:00
6:15f	18:15

Fhad 's a bhios àite gu leòr ann, thathar a' seachnadh *15 mionaidean*, *30 mionaid* agus *45 mionaid*.



Cairteal na h-uarach	15 mionaidean
Leth-uair a thìde	30 mionaid

5.1.1 Giorrachaidhean

Seo na giorrachaidhean a chleachdas sinn airson ainmean nam mìosan is làithean na seachdain.

Ainm slàn	Nas giorra	As giorra
DiLuain	DiL	L
DiMàirt	DiM	M
DiCiadain	DiC	C
DiarDaoin	Dia	A
DihAoine	Dih	H
DiSathairne	DiS	S
DiDòmhnach	DiD	D

Thathar a' cleachdadh giorrachadh 4 litrichean airson nam mìosan (5 litrichean san dàrna mhìos) le spèis do litrichean naisgte na Gàidhlig.

Ainm slàn	Nas giorra	As giorra
Am Faoilleach	Faoilleach	Faoi
An Gearran	Gearran	Gearr
Am Màrt	Màrt	Màrt
An Giblean	Giblean	Gibl
An Cèitean	Cèitean	Cèit
An t-Ògmhios	Ògmhios	Ògmh
An t-luchar	luchar	luch
An Lùnastal	Lùnastal	Lùna
An t-Samhain	Samhain	Samh
An Dàmhair	Dàmhair	Dàmh
An Dùbhlachd	Dùbhlachd	Dùbh

5.2 Aonadan

Cleachdaidh sinn na dearbh-aonadan deiceach is giorrachaidhean 's a tha aig a' Bheurla Shasannach.

Gàidhlig	Beurla
5:26m	5:26AM
5kg	5kg
6cm	6cm
£2.60	£2.60

Ma tha an rian impireil 'ga chleachdadh, tha giorrachaidhean Gàidhlig ann.

òirleach	òirl
troigh	tr
mìle	mì
gallan	gl

5.3 *Latha vs Là*

Thathar a' cleachdadh latha mas e ainmear àbhaisteach a tha ann agus là ann an ainmean làithean sònraichte.

5 làithean	Là nam Màthraichean
an latha ud	Là na Nollaig

5.4 *Iolra*

Tha sinn a' cleachdadh an siostam deiceach le ceithir cruthan.

ONE ¹ : n = 1,11	1 taigh/chas, 11 taigh/chas
TWO: n = 2,12	2 thaigh/chas, 12 thaigh/chas
FEW: n = 3..10,13..19	3 taighean/casan, 13 taighean/casan
OTHER	0 taigh/cas, 22 taigh/cas

¹ Tha na ceithir clasaichean seo a-rèir stannard a' Unicode Consortium, faic http://www.unicode.org/cldr/charts/latest/supplemental/language_plural_rules.html

Tha cuid a phròiseactan a' làimhseachadh is feadhainn nach eil comasach air (mar Microsoft). A-rèir a' phròiseict, feumar diofar pàtranan a chleachdadh gus iad seo a chur an cèill san eadar-theangachadh ach fhad 's a tha pròiseact comasach air, gheibhear na dearbh-chlasaichean seo.

Mozilla: leth-chòileanan	#1 taigh;#1 thaigh;#1 taighean;#1 taigh
LibreOffice: 4 ceallan	%d taigh
	%d thaigh
	%d taighean
	%d taigh
Wikimedia: Camagan dualach agus	Tha {{PLURAL:\$1 \$1 taigh \$1 thaigh \$1 taighean \$1 taigh}} ann.

5.5 Hotkeys agus access keys

Ma tha feum air *hotkey* no *access key* a chomharradh san eadar-theangachadh, mholamaid litrichean air a bheil stràc no aig a bheil cas a-nuas a sheachnadh a chionn 's gum biodh iad doirbh ri an leughadh no cleachadh.



Ri leughadh a-mhàin	Ri leughadh a-mhàin
Àrdaich	Àrdaich

6 Gràmar

6.1 Na tuislean

Tha e soilleir gu bheil rian nan tuislean ag atharrachadh ach chan eil cinnt fhathast ciamar ri linn gainnead rannsachaidh. Air sgàth sin, leanaidh sinn pàtran a tha letheach slighe eadar an seann-nòs agus an nòs ùr a chionn 's gur e rud gu math neo-fhoirmeil a tha ann am bathar-bog agus cha bhiodh stoidhle ro sheann-fhasanta iomchaidh.

6.1.1 An tuiséal tabhartach

Thèid sèimheachadh is rudan mar sin a chomharradh mar is àbhaist ach cha chleachd sinn caolachadh san tuiséal tabhartach.



anns a' phrìomh-uinneag	anns a' phrìomh-uinneig
air an uinneag bheag	air an uinneig bhig

6.1.2 An tuiséal ginideach

Thèid ainmearan a chlaonadh san tuiséal ghinideach mar is àbhaist ach chan fhaighear dì-shèimheachadh no caolachadh an dèidh ainmearan boireann.



an dèidh fosgladh na h-uinneige mhòr	an dèidh fosgladh na h-uinneige mòire
ri taobh na cliath-dhuilleige dheas	ri taobh na cliath-dhuilleige deise

Chan eil an tuiséal ginideach 'ga chleachdadh an dèidh ainmeir gnìomhairich mur eil alt ann.



a' fosgladh uinneag bheag	a' fosgladh uinneig bhig
a' sioncronachadh cunntas ùr	a' sioncronachadh cunntais ùr
a' fosgladh na h-uinneige bheag	a' fosgladh na h-uinneige bige
a' sioncronachadh a' chunntais ùir	

6.1.3 An àireamh dhùbailte

Gheibhear sèimheachadh an cois dà ach chan fhaighear caolachadh.



2 uinneag	2 uinneig
2 dhuilleag	2 dhuilleig

6.2 Gun vs chun

'S e gu / gun am paidhir a chleachdas sinn agus cha chleachd sinn an tuiséal ginideach 'na dhèidh.



gun deas-bhòrd	chun an deas-bhùird
gun t-soilleireachadh	thun an t-soilleireachaidh

6.3 Riochdairean seilbheach (do vs an rudeigin agam)

Mar is trice, 's e am pàtran *an rudeigin agam* a chleachdar san raon eadar-theangachaidh seo ach ma tha iomraidh air rudan a dh'fheumas *mo/do* etc mar *do phàrantan*.

Tha cuid a dh'eisgeachdan ann, gu h-àraid an cois pasgain an t-siostaim a thèid ath-chleachdadh ann an iomadh abairt gun urram do ghràmar nan cànan ach a' Bheurla. Mar is trice, tha *mo* iomchaidh ann an ainmean phasgan an t-siostaim mar *My Documents, My Photos* is msaa.



air an draibh ionadail agad	air do dhraibh ionadail
Fosgail am brabhsair agad	Fosgail do bhrabhsair
Mo dhealbhan	Na dealbhan agam
d' ainm	an t-ainm agad
an t-ainm-cleachdaiche agad	d' ainm-cleachdaiche
do sheòladh	an seòladh agad

7 Stoidhle

7.1 Ceistean Yes/No

Chan eil pròiseact sam bith ann aig an ìre-sa a tha a' toirt cothrom do chànain aig nach eil Yes/No ceistean is freagairtean iomchaidh a chleachdadh, ged a tha cuid dhiubh ag obair air siostaman nas glìce. Ach an gabh am freagairt leis an aon fhacal air feadh an t-siostaim, tha sinn a' cleachdadh a' phàtrain a leanas:

Close?	→	A bheil thu airson a dhùnadh? Tha/Chan eil
--------	---	---

Tha eadar-theangachadh a' phròiseict phpBB 'na eisgeachd air seo far an cleachd sinn "An e 's gu bheil thu airson seo a dhèanamh? Seadh/Chan eadh". Is adhbhar dha seo gun chleachd iad *Yes/No* an àite *Enable/Disable* cuideachd.

7.2 An t-alt

Chan eil an t-alt 'ga chleachdadh mar a b' àbhaist sa Bheurla is abairt as aonais a' nochdadh gu math tric m.e. *Close window?* an àite *Close the window?* Cha lean sinn am pàtran seo a chionn 's gu bheil e calg-dhìreach an aghaidh gnàthasan gràmar is stoidhle na Gàidhlig is i glè dhèidheil air an alt. Cleachdaidh sinn e fiù mur eil e a' nochdadh san abairt Bheurla thùsail.

Close window?	→	A bheil thu airson an uinneag a dhùnadh?
---------------	---	--

Save script?	→	A bheil thu airson an sgrìobt a shàbhaladh?
--------------	---	---

Download file...	→	Luchdaich a-nuas am faidhle...
------------------	---	--------------------------------

7.3 An guth fulangach

Tha an guth seo gu math cumanta ann an bathar-bog Beurla ach 's fhearr a sheachnadh sa Ghàidhlig.



Fhuair thu teachdaireachd	Tha thu air teachdaireachd fhaighinn
Dh'fhosgail thu 2 uinneag	Chaidh 2 uinneag fhosgladh leat

Ma tha feum air a' ghuth fhulangach, 's fhearr an fheadhainn chuairt-labhrach san fharsaingeachd.



chaidh a dhèanamh	rinneadh
air fhaighinn	faighte

7.4 Sibhsigeadh

Tha bathar-bog 'na rud gu math neo-fhoirmeil agus cha chleachd sinn sibhsigeadh air sgàth sin.



Fosgail an uinneag sin	Fosglaibh an uinneag sin
Cheannaich thu seirbheis ùr	Cheannaich sibh seirbheis ùr

Tha sibh/sinn (agus dhuibh/dhuinn is msaa) ceadaichte nuair a tha an abairt a' cur 'nar sùilean gu bheilear a' bruidhinn ri barrachd air aon duine.

Mòran taing airson innse dhuinn dè do bheachd air %s. Tha sinne aig Opera glè thoilichte gun...

7.5 Iomradh air ball de chlàr taice

Ma tha iomradh air ball de chlàr-taice, bidh seo a' cleachdadh title case sa Bheurla mar is trice, 's e sin litir mhòr aig toiseach gach facail. Sa Ghàidhlig, chan eil litir mhòr ach aig toiseach a' chiad fhacail agus bidh am ball air fhad ann an comharran-labhairt.



Fosgail "Deasaich an clàr" agus...	Fosgail Deasaich an Clàr agus...
Briog air "Suidhich mar a' bhun-roghainn"	Briog air Suidhich Mar a' Bhun-roghainn

8 Dual-chainntean

Chan eil e ro shoilleir an-còmhnaidh dè na faclan a tha ionadail agus dè an fheadhainn a tha cumanta ann an iomadh sgìre. Mholamaid gun seachnar an fheadhainn a tha aithnichte mar fhaclan a bhuineas ri sgìrean sònraichte a-mhàin ma tha taghadh eile ann a tha nas cumanta air feadh na dùthcha.



cleachd	ùisnich
briseadh	bristeadh

8.1.1 An leasachan –aidh

Cha chleachd sinn an leasachan –aidh san tuiseal tabhartach idir an dèidh ainmearan boireann.



sa cheàrn	sa cheàrnaidh
sa bhùth	sa bhùthaidh

8.1.2 Riochdairean seilbheach (ar n-athair vs ar h-athair)

Chan eil abairtean sa bheil *mo/do* iomchaidh ro chumanta. Ach ma nochdas gin, cha chleachd sinn nòs ùr nan riochdairean seilbheach a chleachdas *h-* anns gach suidheachadh.



ar n-athair	ar h-athair
ar n-aran	ar h-aran
ur n-eaglaisean	ur h-eaglaisean

8.1.3 Sèimheachadh Leòdhasach

Cha leanar nòs Lèodhasach an t-sèimheachaidh an dèidh *cha(n)*. Bidh casg air sèimheachadh an dèidh *cha(n)* ma tha dntls 'ga leantainn.



cha seas	cha sheas
cha dùin	cha dhùin
cha tog	cha thog
bu tana	bu thana
cha seas	cha sheas

8.1.4 A' toirt taing

Mar urram beag do dhual-chainntean na Gàidhlig, tha sinn a' cleachdadh na trì abairtean airson taing a thoirt agus airson innse gur toigh leat rud gu cothromach.



mòran taing	tapadh leat	gun robh math agad
an toil leat?	an caomh leat?	am math leat?

9 Giorrachadh

9.1.1 Giorrachaidhean àbhaisteach

Ged a tha giorrachaidhean ann, chan fhaicear cuid dhiubh ro thrì ann an sgrìobhadh. Tha feadhainn eile ann a tha nas cumanta, mar *th' ann*, ach chan eil iad a' leantainn riaghailtean cunbhalach agus tha sinn 'gan seachnadh air sgàth sin agus a chionn 's gun dèid an giorrachadh ann an cainnt gu cunbhalach co-dhiù.



chan eil	'neil
an deach	'neach
càit(e)	cà
a bha ann	a bh' ann
an urrainn	an urra
a tha ann	a th' ann

Tha trì paidhrichean ann a tha ceadaichte leis gu bheil iad cho stèidhichte o chionn fhada. Mholamaid *sna* seach *anns na* a ghnàth ann a chionn 's gu bheil e nas giorra.



anns na	sna
	b' e / b' i / b' iad
	's e / 's i / 's iad

Cuideachd, ma tha an abairt Bheurla thùsail air leth mith-chainnteach e fhèin, tha giorrachaidhean mar sin ceadaichte.'

9.1.2 Gearr-ainmean

Mur eil pàtran eile fìor-stèidhichte, cleachdaidh a' Ghàidhlig na h-aon giorrachaidhean ris a' Bheurla. Cha dèid iad eadar-theangachadh a bharrachd mar is trice.



CSS	SSE (*siota-stoidhle easach)
RSS	GLB (*gearr-chunntas làraich bheartach)

Seo an fheadhainn a thathar a' cleachadh 's a tha cumanta ann am bathar-bog:

1d, 2na/ra, 3as, 4mh, 5mh...	7c (et cetera)
àir. (àireamh)	Earr. (Earranta)
f. (feasgar)	lbh. (leabhar)
m. (madainn)	Mgh. (Maighstir)
òir. (òirlich)	Oll. (Ollamh)
td. (taobh-duilleag)	tr. (troigh)

Mholar 3as seach 3mh dìreach air sgàth cunbhalachd.

10 Ceartachadh litreachaidh

Tha ceartachadh an litreachaidh riatanach. Ged nach e rud foirfe a tha ann, bidh nas lugha de mhearachdan ann ma chleachdar e.

Cha mholamaid dearbhair-litreachaidh LTS (Learning and Teaching Scotland) a chionn 's gu bheil e ro bheag, seann-fhasanta agus meallta uaireannan.

Gabhaidh an dearbhair Hunspell a chleachdadh am broinn iomadh inneal cumanta ann an eadar-theangachadh bathair-bhog (mar [Virtaal](#) is Trados) agus tha an [Dearbhair Beag](#) comasach air briathrachas na coimpiutaireachd. Fiù mur an gabh a chleachdadh, 's e na mhomalaid lethbhreac a dhèanamh de theacsa, a chur ann an [LibreOffice](#) airson ceartachadh.

11 Tùsan briathrachais

'S e am [Faclair Beag](#) prìomh-thùs a' bhriathrachais theicnigich thar tùs sam bith eile. Chaidh am briathrachas anns gach prògram a tha ri làimh a chur air gleus ach am bi iad uile a-rèir a chèile agus gheibhear am briathrachas air fad san Fhaclair Bheag ann.

Chithear eadar-theangachadh nan abairtean aig Microsoft san [Language Portal](#) aca.

Cuideachd, tha liosta dhe dhùthchannan, aonadan tomhais, abairtean is cruthan cinn-là 's ama agus msaa. ri fhaighinn air [CLDR](#).